



Tìotal: Nad phàrant/neach-cùraim
Pàirt 3: Nam bithinn-sa nam phàrant

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>'S urrainn dhomh mìneachadh cho cudromach 's a tha a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim, an dleastanas iomadh-fhillte agus maireannach a tha na chois agus a bhuidh air roghainnean is taghaidhean beatha.</p> <p>HWB 3-51a</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh an taic agus an cùram a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gu bheil pàiste air àrach tro na diofar irean de leanabachd. HWB 3-51b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' mìneachadh buaidh gheàrr-ùineach agus fad-ùineach pàrantachd, mar eisimpleir aoibhneas, dealas, buaidh ionmhasail, iomagain agus buaidh corporra. • A' mìneachadh na thathar a' ciallachadh le àrach agus cho cudromach 's a tha e ann an adhartachadh chloinne. • A' mìneachadh far am faighear taic do phàrantan agus luchd-cùraim gu h-ionadail.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine' òga ròl pàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoine' òga na dùbhlain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoine' òga a' bhuidh a bhiodh aig pàiste air am beatha.
- Gun tuig daoine' òga cho cudromach 's a tha àrach agus cluich ann an adhartachadh pàiste.
- Gun ionnsaich daoine' òga cho cudromach 's a tha e a bhith a' sireadh cuideachadh agus taic mar phàrant.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu sgilean agus feartan pàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste aca fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu chuid de na dùbhlain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim agus mar a gheibhear cuideachadh agus taic.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa pàrant/neach-cùraim a bhiodh annamsa.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Props airson gnìomhan:
 1. Nad phàrant/neach-cùraim: Airson/An aghaidh/Gun fhio
 2. Nam bithinn-sa nam phàrant bhithinn airson ...
 3. Toraidhean Suirbhìdh Webwise

Obair

1. Tòisich le ruith thairis air an obair a rinn sibh thuige seo air a bhith nad phàrant/neach-cùraim – mu na dh'fheumas bèibidhean is clann fhad 's a tha iad a' fàs (adhartachadh chloinne) agus cuideachd mar as urrainn do phàrantan agus luchd-cùraim cuideachadh gus an toiseach tòiseachaidh as fheàrr a thoirt do bhèibidhean nam beatha. Mìnich gu bheil an seisean seo air mar a dh'iarradh na daoine òga a bhith mar phàrant/neach-cùraim agus cuideachd mu bhith ag aithneachadh nan dùbhlannan a tha an lùib pàrantachd agus na rudan a dh'fhaodadh dragh a chur air pàrantan. Mu dheireadh, mar thoiseach tòiseachaidh agus mar aideachadh, mìnich gu bheil fios agus for agad gum faodadh cuid de dhaoine òga a bhith a' smaoinneachadh nach eil iad ag iarraidh a bhith nam pàrantan.
2. **Nad phàrant/neach-cùraim.** Seall an slaighd agus am prop/na h-earrannan. Iarr air na daoine òga obrachadh ann an dithisean no triùirean gus coimhead air gach earrann agus cur romhpa a bheil iad ag aontachadh/ag eas-aontachadh/ gun fhios. Às dèidh beagan còmhraidh faigh fios-air-ais agus broснаich còmhraidh. (Dh'fhaodadh sibh cuideachd na h-earrannan a roinn thairis air grunn shlaighdean agus obrachadh tromhpa fear mu seach).

A bhith nad phàrant/neach-cùraim. A bheil thu **ag aontachadh, ag eas-aontachadh** no a bheil thu **'gun fhios'** mu na h-earrannan seo:

1. Tha e furasta a bhith nad phàrant.
2. Nì bèibidh dàimh nas làidire.
3. Tha màthraichean nas cudromaiche do bhèibidhean òga na tha athraichean.
4. 'S e pàrantan an t-eisimpleir as cudromaiche don chloinn.
5. Tha pàrantachd a' tighinn gu nàdarra chun a h-uile neach.
6. Bhiodh e spòrsail a bhith nad phàrant.

3. **Nam bithinn-sa nam phàrant.** Iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidhnean beaga de 3. Thoir dhaibh an earrann proimtidh **Nam bithinn-sa nam phàrant bhithinn airson ...** còmhla ris na 11 earrannan. (Obraich bhon duilleig no gearr na h-earrannan suas agus gluais iad timcheall rè a' chòmhraidh. Mìnich gu bheil na rudan seo as urrainn do phàrant/neach-cùraim a dhèanamh gu lèir cudromach. Iarr orra bruidhinn air gach rud agus, mar bhuidheann, *taghaibh na 5 feartan de phàrant as cudromaiche dhuibhse*. Mìnich gum bi thu ag iarraidh air na buidhnean fios a thoirt air ais mu na thagh iad agus carson. Coimhead airson beachdan a tha coltach agus ao-coltach, ged a tha iad air fad cudromach, èist ri carson a chaidh diofar foghainn a dhèanamh. Tro chòmhraidh dèanaibh sgrùdadh air far an robh buidhnean ag eas-aontachadh no far an robh deasbad.

Nam bithinn-sa nam phàrant bhithinn:

1. Airson a bhith cinnteach gun robh mo phàiste a' cuideachadh le bhith a' dèanamh ghnìomhan (obair) san dachaigh.
2. Airson ionnsachadh dham phàiste mar a bhios iad rèidh ri daoine eile.
3. An dùil gun dèan agus a' brosnachadh mo phàiste gus dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh agus gan cuideachadh gus seo a choileanadh.
4. An dùil a bhith rèidh ris a' phàrant/an luchd-cùraim eile aig mo phàiste – a' seachnadh argamaidean san dachaigh.
5. Ag iarraidh cluich agus leughadh còmhla.
6. A' dèanamh cinnteach gun robh fios aig a' phàiste agam gun robh gaol agam orra.
7. Nam dheagh eisimpleir.
8. Foighidneach agus gun a bhith fo stress.

9. A' cur seachad ùine còmhla ri mo phàiste.
 10. A' cur earbsa nam phàiste.
 11. Ag iarraidh gum biodh riaghailtean soilleir ann.
4. **Dè chuireadh dragh ort nam biodh tu nad phàrant?** Cuir a' cheist ris a' chlas gu lèir no iarr air na daoine òga meòrachadh oirre ann am buidhnean beaga agus fios a thoirt air ais lem beachdan. An ceann greis, seall an slaighd mun phrìomh dheich draghan aig pàrantan – Deàn coimeas air aonta agus eas-aonta. (Rannsachadh leis a' chompanaidh a bhios a' dèanamh Rescue Remedy)

A rèir rannsachadh 's iad na prìomh 10 dhraghan aig pàrantan:

1. Gun urrainn dhaibh pàigheadh airson na dh'fheumas am pàist' aca
 2. A' dèiligeadh ri cion cadail
 3. Gum bi foighidinn gu leòr aca
 4. A' brosnachadh an cuid chloinne gus biadh ithe
 5. A' dèiligeadh ri pàiste a tha tinn
 6. A' cumail smachd air obair-taighe
 7. A' brosnachadh an cuid chloinne gus obair-dachaigh a dhèanamh
 8. A' brosnachadh na cloinne gus obrachadh gu cruaidh san sgoil
 9. A' dèiligeadh ri pàiste a th' ann an droch thriom
 10. A' dùsgadh chloinne sa mhadainn
5. **Draghan air-loidhne: Suirbhìdh Phàrantan Webwise 2017.** Inns gur e dragh a bhios aig pàrantan clann nas sine iad a bhith air-loidhne. A bheil dragh air na pàrantan acasan mu dheidhinn iad a bhith air-loidhne? Sgaoil an duilleag fiosrachaidh Webwise 2017. Dè beachd nan daoine òga air an fhiosrachadh seo? A bheil iad a' smaoinichadh gu bheil e ceart gu bheil dragh air pàrantan mu na rudan seo? A bheil na dòighean làimhseachaidh aca math gu leòr?
6. Crìochnaich le ruith thairis air ionnsachadh thairis air na 3 seiseanan mu dheireadh – tha na daoine òga air a bhith ag ionnsachadh mu adhartachadh chloinne (agus na tha a dhìth air clann fhad 's a tha iad a' fàs). Tha iad cuideachd air a bhith a' smaoinichadh air mar a bhiodh iadsan iad fhèin mar phàrantan/luchd-cùraim – ag aithneachadh gur e suidheachadh dùbhlach a th' ann. Faighnich aon cheist eile: Cò tha a' coimhead air adhart ri bhith nam phàrant? Cunnt na làmhnan a thèid suas agus crìochnaich le beachdan deimhinneach sam bith a tha neach sam bith ag iarraidh a dhèanamh mu na tha iad a' coimhead air adhart ris - agus mura h-eil duine no glè bheag dhiubh a' coimhead air adhart ris, rannsaich carson.

Ceangal ris an dachaigh

- Tha fiosrachadh an cois an leasain **Nad phàrant: Rudan cudromach mu adhartachadh chloinne**

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Nad phàrant: Rudan cudromach mu adhartachadh chloinne
- Na dh'fheumas bèibdh/an toiseach tòiseachaidh as fheàrr

Nòtaichean Tidseir

